

An Comunn Gàidhealach



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Faoilleach 2015 / January 2015

Teachdaireachd bhon Òbain



The e a' toirt mòran toileachais dhomh fàilte a chur air Gàidheil agus muinntir na Gàidhealtachd a thighinn dhan Òban, Creathal a' Mhòid airson an 16mh uair.

'S e àite sònraichte a th' anns an Òban airson Mòd. Chan ann a-mhàin air sgàth's na goireasean a th' againn, ach 's e àite air leth soisealta a th' ann cuideachd. Tha na taighean-òsta, àiteachan-bidhe, na taighean-seinnse agus na bùithtean gu math eòlach air a' Mhòd agus air na tha na lùib. Nì sinn uile bh' ur dìcheall gus dèanamh cinnteach gum bidh turas air leth agaibh anns an Òban.

Tha Comataidh Ionadail air leth taiceil againn agus tha sinn an dràsta trang a' coimhead ri dòighean airson àireamh fairpisich òg bhon sgìre àrdachadh, le bhith a' cuir luchd-ciùil agus seinneadairean dha na Bun-sgoiltean agus dha na h-Àrd-sgoiltean.

Tha e follaiseach gu bheil an aon amas aig buidhnean eile cuideachd agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla riuthasan cuideachd gus dèanamh cinnteach gun tèid amasan a' Chomuinn Ghàidhealaich a choileanadh anns an sgìre againn. Leis an taic seo, tha sinn an dòchas àireamhan farpaisich san sgìre againn a chumail fallan gus Mòdan Nàiseanta agus Ionadail a bhrosnachadh san àm ri teachd.

Donnchadh Dòmhnallach
Neach-gairm Comataidh Ionadail an Òbain



A Message from Oban

It gives me much pleasure as Convener of the Royal National Mòd Local Committee (LOC) to welcome Gaels and supporters of Gaeldom for the 16th time to Oban, Creathal a' Mhòid.

An Oban Mòd is always special, not only because of our facilities for the competitive side of the occasion but also for the social side. The hotels, catering establishments, public houses and local retail businesses know what a Mòd is about and you will sense this when you arrive. We will endeavour to do all that we can to make this a truly memorable experience for you.

I have the backing of a very lively LOC and we are currently looking at the feasibility of boosting the number of Junior Competitors by putting tutors into the local Secondary School and the Primary Schools which feed it. It would appear as though other organisations are of the same mind and we look forward to working with them to further the aims of An Comunn Gàidhealach in our locality in this way. A vital feature of this initiative will be to sustain any boost in local competitor numbers this year so that other National and Provincial Mods benefit in the future.

*Duncan Macdonald
Oban LOC Convener*



An Comunn Gàidhealach

Fàilte air ais Rena!

Tha sinn toilichte fàilte a chur air ais air Rena NicDhòmhnaill, Rùnaire a' Mhòid, a bhios a' tilleadh air ais a dh' obair aig toiseach an ath mhìos as dèidh fòrladh Màthaireil.

Tha Rena air a bhith dheth airson 9 mìosan agus tha sinn a' coimhead air adhart rithe tilleadh air ais a dh' obair anns an sgioba a-rithist.

Tha sinn an dòchas gun tèid gu math dhith nuair a thilleas i, ged tha fios againn gum bidh i ag ionndrainn Gracie bheag!

Fàilte air ais Rena!

Welcome Back Rena!

We are delighted that Rena Macdonald, our Mod Administrator, will be returning from Maternity leave at the beginning of February.

Rena has been off for the last 9 months so we look forward to having her back in the team again.

We wish her all the best as she settles back in to life in the office, although we know she will miss little Gracie very much!

Welcome back Rena.

Seòladh Ùr

Cuimhnichibh gun cuir sibh fios thugainn ma bhios atharrachaidhean sam bith air an seòladh taigh, seòladh post-dealain no an àireamh fòn agaibh gus am bidh an fhiosrachadh ceart againn.

Cuiribh fios gu rena@ancomunn.co.uk le atharrachaidhean sam bith.

Change of Contact Details

Please ensure that you inform us of a change of address, email address or phone number so that we can keep our records up to date.

To notify any changes please contact rena@ancomunn.co.uk.

Sgoil Fhonn

Tha sinn air fios a chur timcheall nan Còisirean gus faicinn am biodh ùidh aig duine den a buill aca pàirt a ghabhail ann an "Sgoil Fhonn" shailmean, a bhiodh a' coimhead ri sgillean seinn na Saiml.

Tha neach-teagasg air dearbhadh gum biodh e deònach am pròiseact seo a thoirt air adhart, nam biodh ùidh ann.

'S e an amas gun tèid an traidisean seo a bhrosnachadh agus a leasachadh.

Ma tha ùidh aig duine sam bith ann am pròiseact mar seo, cuiribh fios gu Seonag aig seonag@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn thuice air 01463 709 705.

Psalmody Group

We have been asked to gauge interest amongst Gaelic Choir members to set up a Psalmody group ("Sgoil Fhonn, neo Bùth Obrach") that would focus on precenting skills and techniques.

A tutor, and group leader, has volunteered to take this initiative forward should sufficient interest exist. The objective is to ensure the continuation of this unique Gaelic psalm tradition.

If you are interested in taking part in this project, please contact Seonag at seonag@ancomunn.co.uk or telephone her on 01463 709 705.

Còisir Ghàidhlig Chomar nan Allt

Thèid consairt agus cèilidh a chumail le Coisir Ghàidhlig Chomar nan Allt air Disathairne 28 Gearran.

Thèid an tachartas a chumail ann an Talla Choimhearsnachd Chomar nan Allt aig 7.30f.

Cosgaidh ticeadan £8 agus gheibhear an ceannachd le bhith cuir post-d gu william.mcevoy2@ntlworld.com no cuiribh fòn gu Uilleam air 07913047703.

Cumbernauld Gaelic Choir

Cumbernauld Gaelic Choir will be having a concert/ceilidh on Saturday 28th February.

This will take place in the Village Hall, Cumbernauld from 7.30pm.

Tickets will cost £8.00 and can be reserved by emailing william.mcevoy2@ntlworld.com or you can telephone William on 07913047703.

An Comunn Gàidhealach

Mòd 2014 a' Cruthachadh Còrr air £3.5 Millean

Tha rannsachadh air sealltainn gun chuir Am Mòd Nàiseanta Rìoghail 2014 £3,547,661 a-steach don chomharsnachd ghniomhachais ann an Inbhirnis – còrr air £1millean nas àirde na targaid an tachartais.

Tha an aithisg, air a libhrigeadh le ‘The Market Specialists’ a’ sealltainn gun tharraing an fhèis naoi-latha, a chaidh air adhart eadar 10-18 Dàmhair 2014 ann an Inbhirnis, còrr air 9000 neach-tadhail sònraichte, agus gun tàinig 78% dhiubh bho thaobh a-muigh a’ bhaile-mhòir a thug aoigheachd dhith. Bha 67% ann an Inbhirnis a dh’ aon ghnòthach airson Am Mòd a fhrithéaladh, agus bha 25% a’ còmhnaidh ann am Prìomh-bhaile na Gàidhealtachd.

Is e An Comunn Gàidhealach a bhios a’ cur an tachartas air adhart, agus is i an fhèis as cudromaiche don Ghàidhlig ann an Alba. Tha na h-àireamhan a’ dearbhadh cho cudromach sa tha Am Mòd, chan ann a-mhàin ann am mìosachan cultarail na h-Alba ach don eaconomaidh aice cuideachd, oir thuir 74% den luchd-frithèalaidh nach biodh iad air turas a thoirt don àite tron t-seachdain sin, mura biodh gun robh an fhèis ann.

Tha Am Mòd a’ faighinn aoigheachd ann am baile no baile-mòr eadar-dhealaichte gach bliadhna agus tha seo chan ann dìreach gus a bhith a’ toirt daoine an sàs ann an dualchas na Gàidhlig, ach cuideachd gus spionnadh a thoirt don eaconomaidh ionadail. Tha na co-dhùnaidhean bhon fhèis ann an 2014 a’ sealltainn gu robh teachd a-steach mòr ann bho thasgadh Chomhairle na Gàidhealtachd san tachartas, le £19 ga chosg anns an sgìre riaghlaidh aca fa chomhair gach £1 a chuir iad a-steach, agus gun dh’ èirich seo gu £25 aig ìre ionadail fa chomhair gach £1 a chuir iad a-steach.

Bha am fèistean 2014 na phrìomh thachartas am measg na bha a’ comharrachadh Tilleadh Dhachaigh na Gàidhealtachd agus chomharraich seo an tachartas a’ tilleadh a dh’ Inbhirnis mar sgìre aoigheachd às deidh 17 bliadhna; agus bha a’ bhuaidh aige gun samhail. Fhuair taighean-òsta, taighean-bidh agus bùithtean a’ bhaile-mhòir buannachd às leis gu robh 60% de luchd-frithèalaidh a’ fuireach ann an taigh-òsta, taigh-aoigheachd, àite-fuirich air mhàl no òsdail, agus an ùine fuirich cuibheasach do luchd-aoigheachd fad-oidhche aig ìre 4.2 latha. Bh’ innis 62% de luchd-frithèalaidh na fèis gun robh iad anns na bùithtean co-dhiù aon uair (25% ag ràdh “a’ mhòr-chuid de làithean”) agus 59% a’ tadhal air taighean-seinne co-dhiù aon uair (24% ag ràdh “a’ mhòr-chuid de làithean”) agus bha 86% ag ithe a-muigh co-dhiù aon uair (55% ag ràdh “a’ mhòr-chuid de làithean”).

Chaidh 200 farpais air adhart aig àm a’ Mhòid, agus chuir faisg air 100 tachartas air an Iomall ris a’ bheothalachd a bha ann an Inbhirnis. Chaidh bùthan-obrach, leughaidhean-leabhair, seiseanan thig is feuch, cuirmean is cèilidhean air adhart aig gach àm de latha is oidhche air feadh Prìomh-bhaile na Gàidhealtachd. Thàinig luchd-tadhail bho air feadh na h-Alba, na RA, Canada agus eadhon na United Arab Emirates

Mar thoradh air an fhàireachdainn, thuir 61% gu robh “beothalachd” na fèise “gu mòr nas àirde” no “nas àirde” na bha dùil aca agus thuir 59% gu robh Inbhirnis mar bhaile-mòr a’ cheart cho drùiteach, agus an aon cheudad a’ nochdadh gun tigeadh iad air ais chun bhaile-mhòir san àm ri teachd airson saor-làithean/ùine ghoirid, Thuir 16% eile gur dòcha gun dèanadh iad sin.

Thuir Iain Moireasdan, Àrd-oifigear a’ Chomuinn Ghàidhealaich: *“Tha sinn uamhasach toilichte leis an aithisg seo, gu sònraichte leis gun nochd i gu robh 37% de luchd-frithèalaidh ag ionnsachadh no ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh agus tha sinn airson an àireamh sin fhaicinn a’ fàs. Tha seo a’ dearbhadh luach an tachartais agus an toradh a dh’ fhaodadh a bhith aige do bhailtean-mòra aoigheachd, luchd-maoineachaidh is buidhnean-taic malairteach eile - tha sinn a’ cur luach mhòr nan cuid taic agus feum againn gu lean e. Dh’ fhaodadh gum biodh an toradh seo air a bhith na b’ àirde buileach nam biodh sinn air maoineachadh a bharrachd fhaighinn agus tha sinn a’ coimhead air adhart ri bhith a’ faighinn thairis air na cnapan-stara a tha ga dhèanamh duilich dhuinn taic ionmhais fhaighinn don Mhòd bho, gu sònraichte, Alba Chruthachail, oir chan eil e air a bhith comasach dhuinn a-riamh an cuid taic fhaighinn. Feumaidh mi an cothrom seo a ghabhail gus taing a thoirt do Chomhairle na Gàidhealtachd, còmhla ri ar buidhnean-taic dileas, ar comataidh ionadail ann an Inbhirnis agus a h-uile neach-obrach saor-thoileach a bha a’ strì gus dèanamh cinnteach gum biodh 2014 cho sònraichte math, ach taing cuideachd don h-uile duine a thàinig gu bhith nan farpaisich agus gus na tachartasan againn a fhrithéaladh - a-nis air adhart chun Òban ann an 2015, agus tha mi a’ coimhead air adhart ri ur faicinn an sin”.*

Thuir Martin Dorchester, Manaidsear Riaghlaidh CalMac, prìomh bhuidheann taic malairteach a’ Mhòid: *“Tha sinn a-riamh air a bhith mothachail gu bheil Am Mòd a’ toirt buaidh mhòr eaconomach air na sgìrean anns a tèid a chumail cho math ri bhith na thaisbeanadh luachmhor airson cànan is cultar na Gàidhlig. Bu chòir meal an naidheachd a chuir air a h-uile duine a bha an sàs ann am Mòd Inbhirnis airson an cuid saothair agus tha mi cinnteach gum bi iad air an dòigh nuair a gheibh iad a-mach gun chuir an obair mhòr aca uidhir a-steach don eaconomaidh ionadail.”*

Thuir Pròbhaist Inbhirnis, an Comhairliche Ailig Greumach: *“Bha e na thoileachas mòr dhuinn aoigheachd a thoirt do Mhòd Nàiseanta Rìoghail 2014 ann an Inbhirnis. Tha soirbheachas mòr an tachartais ìre cruinneil seo a’ dearbhadh gu soilleir buannachdan eaconomach na Gàidhlig a bharrachd air a bhith a’ cur cuideam air a’ bhuaidh chultarail is dhualchais a tha cho cudromach don Ghàidhealtachd. Is e fìor àite math a th’ ann an Inbhirnis airson tachartasan is fèisean nàiseanta leis gu bheil e cho bàidheil, cho goireasach a thaobh sìubhal, cho làn de dh’ àiteachan fuirich agus cho aoigheil agus an raon sùbailte a th’ ann de dh’ àiteachan goireasach. Tha an aithisg seo a’ daingneachadh comais Prìomh-bhaile na Gàidhealtachd airson a bhith a’ toirt aoigheachd do thachartasan nàiseanta is eadar-nàiseanta agus bidh sinn ag obair gus tuilleadh a bharrachd a thàladh don Ghàidhealtachd. Tha sinn air-leth toilichte gun do chuir taic a’ phobaill agus taic na Comhairle uidhir de theachd a-steach sònraichte don bhaile-mhòir. Tha seo air a bhith na bhuannachd dha solaraidhean àite-fuirich, taighean-bidh is bùithtean agus thàinig àrdachadh cuideachd anns an àireamh de dhaoine a bha a’ tadhal air diofar àiteachan aig àm sa bhliadhna far nach bidh uidhir de dhaoine an làthair. Tha e cuideachd iomchaidh a chomharrachadh gun chruthaich am Mòd fìor fharsaingeachd de chraoladh adhartach ‘sna meadhanan gu nàiseanta don bhaile-mhòir agus don sgìre mun cuairt. Às deidh aoigheachd a thoirt don Mhòd san Dàmhair agus don Dhuaisean Thraidiseanta na h-Alba san Dùbhlachd, tha sinn a-nis a’ coimhead ar adhart ri bhith a’ toirt aoigheachd do dh’ Fhèis nam Meadhanan Ceilteach sa Ghiblean!”*

Thuir Ceannard Bòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh: *“Tha sinn toilichte gu bheil ar cuid tasgaidh anns a’ Chomuinn Ghàidhealaich na bhuannachd chan ann a-mhàin don Ghàidhlig, ach cuideachd a’ cruthachadh fìor bhuannachdan eaconomach ge bith càite am bi am Mòd a’ dol. Tha seo na thuilleadh dearbhadh air buannachdan deimhinnte sòisealta is eaconomach na Gàidhlig mar a dhearbha an sgrùdadh a cho-mhaoin sinn le IGE, a’ nochdadh gum faodadh luach de dh’ àireamh eadar £81.6m is £148.5m gach bliadhna a bhith innte do dh’ eaconomaidh na h-Alba.”*

Thuir Micheal Cantlay, Cathraiche VisitScotland: *“Is e Am Mòd Nàiseanta Rìoghail aon de na prìomh thachartasan a tha sa phasgan bliadhnail againn de thachartasan cultarail, agus tha an rannsachadh seo a’ dearbhadh cho cudromach sa tha e do dh’ eaconomaidh luchd-turais. Tha an tachartas a’ tàladh àireamhan mòra de luchd-turais gach bliadhna, a tha an uairsin a’ cur airgead a-steach do ghniomhachasan ionadail agus do choimharsnachdan air feadh na dùthcha. Tha dàimh fad-ùine againn leis a’ Mhòd tron sgioba stiùiridh thachartasan againn EventScotland, agus ann an 2014 bha an tachartas cuideachd mar phàirt de phrògram mòr-thaitneach Tilleadh Dhachaigh na Gàidhealtachd, le ceudad àrd de luchd-turais bho thaobh a-muigh a’ bhaile-mhòir agus bha e gu sònraichte misneachail gun deach uidh a bharrachd a nochdadh às a dheidh ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.”*

A’ toirt taic don Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an 2014 bha Comhairle na Gàidhealtachd, IGE, Caledonian Mac a’ Bhruthainn, Bòrd na Gàidhlig, EventScotland, Banca Rìoghail na h-Alba, ÙTA, BBC ALBA, Riaghaltas na h-Alba agus Am Post Rìoghail.

An Comunn Gàidhealach

Mòd 2014 Generates More Than £3.5 Million

A study has shown that the 2014 Am Mòd Nàiseanta Rìoghail (**The Royal National Mòd**) **generated £3,547,661 to the business community in Inverness – over a £1million more than the event target.**

The report, delivered by 'The Market Specialists' shows the nine day festival, which took place from 10-18 October 2014 in Inverness, entertained over 9000 unique visitors, 78% of which came from outside the host city. 67% were in Inverness with the sole purpose of attending The Mòd, while 25% lived in the Highland Capital.

Organised by An Comunn Gàidhealach, the event is the most significant of the Gaelic language in Scotland. The figures are testament to The Mòd's importance, not only to Scotland's cultural calendar but to its economy too, as 74% of attendees revealed they would not have taken a trip during that week, had it not been for the festival.

The Mòd is hosted in a different town or city every year and this is to not only engage more people in Gaelic culture, but also to boost the local economy. Findings from the 2014 festival show there was huge return on Highland Council's investment in the event, with £19 spent for every £1 invested in their governing area and this rose to £25 for every £1 invested at a local level.

The 2014 festivities were a signature event of the Highland Homecoming celebrations and saw the return of Inverness as a host area after 17 years; and its impact was unprecedented. The city's hotels, restaurants and shops benefited with 60% of attendees staying in a hotel, guest house, rented accommodation or hostel with the average length of stay for overnight guests being 4.2 days. 62% of festival goers reported going shopping at least once (25% on "most days") while 59% visited pubs at least once (24% "most days") and 86% ate out at least once (55% on "most days").

200 competitions took place during The Mòd, whilst almost 100 Fringe events added to the electric atmosphere in Inverness. Workshops, book readings, come and try sessions, concerts and gigs took place morning, noon and night across the Highland Capital. Visitors came from across Scotland, the UK, Canada and even the United Arab Emirates

The atmosphere saw 61% say the "buzz" of the festival was "well above" or "above" expectations and 59% said Inverness as a host city was also as impressive, with the same percentage indicating that they would definitely come to the city for a future holiday/short break, another 16% said they would possibly do so.

Says John Morrison, chief executive of An Comunn Gàidhealach: "We are absolutely delighted with this report, especially as it unveiled 37% of attendees are learning or want to learn Gaelic and we want to see that figure grow. It confirms the value of the event and the return it can have for host cities, other funders and commercial sponsors - their support is hugely valued and we need it to continue. This return may have been even greater had we received additional funding and we look forward to over-coming the obstacles that make it difficult for, in particular, Creative Scotland to financially back The Mòd, as we have never managed to secure their support. I must take this opportunity to thank Highland Council, together with our loyal sponsors, our local organising committee in Inverness and all our volunteers who worked so hard to make 2014 so special, but thanks especially to everyone that came to compete and attend our events - here's to Oban in 2015, I look forward to seeing you all there".

Martin Dorchester, Managing Director of CalMac, the Mod's principal commercial supporter, said: "We have always recognised that the Mod has a significant economic impact on the areas in which it is held as well as providing a valuable showcase for Gaelic language and culture. Everyone involved in the Inverness Mod is to be congratulated for their efforts and will be, I am sure, delighted to know that their hard work has contributed so much to the local economy."

The Provost of Inverness, Councillor Alex Graham said: "We were delighted to host the 2014 Royal National Mod in Inverness. The outstanding success of this world class event clearly demonstrates the economic benefits of Gaelic as well as highlighting the hugely important cultural and heritage impact for the Highlands. Inverness is an ideal location for national events and festivals due to its welcoming nature, its connectivity, its excellent accommodation and hospitality and the flexible range of venues we can offer. This report reinforces the Highland Capital's capacity to host national and international events and we will work to attract many more to the Highlands. We are very pleased that the public and the Council's support generated significant income for the City. This has benefitted accommodation providers, restaurants and shops and also increased the footfall in various venues during what is traditionally an off-peak time in the season. It is also important to highlight that the Mod generated extensive and positive national media coverage for the City and surrounding area. Having hosted the Mod in October and the Scottish Trad Awards in December, we now looking forward to hosting the Celtic Media Festival in April!"

Bòrd na Gàidhlig Ceannard (CEO), John Angus MacKay added: "We are pleased that our investment in An Comunn Gàidhealach not only benefits the Gaelic Language, but also creates major economic benefits wherever the Mòd goes. further highlights the proven social and of Gaelic as research which we jointly funded with HIE, the language has a calculated potential value of between £81.6m to £148.5m a year to the Scottish economy."

Mike Cantlay, Chairman of VisitScotland, contributes: "The Royal National Mòd is one of the highlights of our annual portfolio of cultural events, and this study underlines its importance to the visitor economy. The event attracts huge numbers of visitors every year, which injects money into local businesses and communities across the country. We have a longstanding relationship with the Mòd through our events directorate EventScotland, and in 2014 the event was also part of the spectacular Highland Homecoming programme, with a high percentage of visitors from outwith the city and a subsequent increased interest in learning Gaelic particularly encouraging."

In 2014 The Royal National Mòd was supported by Highland Council, HIE, Caledonian MacBrayne, Bòrd na Gàidhlig, EventScotland, the Royal Bank of Scotland, SQA, BBC ALBA, the Scottish Government and Royal Mail.

An Comunn Gàidhealach

Na Mòdan Ionadail 2015 / Provincial Mods 2016

Chur sinn fios gu Comataidhean na Mòdan Ionadail bho chionn ghoirid a' lorg cinn latha airson Mòdan na bliadhna-sa agus fiosrachadh mu dheidhinn comataidhean ùra agus mar sin air adhart. Tha sinn air na cinn-latha a leanas fhaighinn gu ruige seo. Ma tha sibh air na cinn-latha airson Mòd na bliadhna-sa a chur air dòigh, cuiribh fios thugainn agus foillsichidh sinn iad.

We recently contacted the Provincial Mod Committees to request dates for this year's Provincial Mods and to update any committee details. We have received confirmation of the following so far. If you have set your dates for this year or if your contact details have changed, please contact marina@ancomunn.co.uk and we will update these for you.

Dùn Èideann / Edinburgh

24 - 25 Giblean / April

www.edinburghlocalmod.co.uk

Loch Abair / Lochaber

15 - 16 Cèitean / May

linda@bosslochaber.co.uk

Sruighlea / Stirling

15 - 16 Cèitean / May

karenfernle@gmail.com

Leòdhas / Lewis

2 - 5 Ògmhios / June

peigi@ancomunn.co.uk

An t-Eilean Sgitheanach / Skye

4 - 6 June 2015

maireadnicolson@btinternet.com

An t-Òban / Oban

5 - 6 Ògmhios / June

moiradunlop@btinternet.com

Ìle / Islay

6 Ògmhios / June

alisongrayislay@aol.co.uk

Àird nam Murchan / Ardnamurchan

19 Ògmhios / June

davidandval.barker@btinternet.com

Inbhir Nis / Inverness

19 - 20 Ògmhios / June

ross.brindle@live.co.uk

Muile / Mull

11 - 12 Sultain / September

secretary@mullmod.org.uk

Dailriada / Dalriada

19 Sultain / September

christinejohnston66@sky.com

Taobh Siar Rois / Wester Ross

18 Sultain / September

duncan-ross@sky.com



Am Comunn Gàidhealach

Am Mòd Nàiseanta Rìoghail – An t-Òban 2015

Local Organising Committee

SC001282



Uist & Barra Cèilidh

Saturday 7th February 2015

Masonic Hall, Albany Street, Oban

7.30pm

Admission: £6.00

Featuring:

Mairi MacMillan (T.G.M.)

Murdo MacDonald

Mary C MacLean

Ellen MacDonald

Iain MacLean (Accordion)

Ali MacLean (Pipes)

Fear an Taighe: Duncan MacNeil

Raffle, tea and homebaking



Comunn Gàidhlig Inbhir Nis
Gaelic Society Of Inverness
presents

An **Taigh** Cèilidh

The **Ceilidh** House



Dihaoine 13
Am Màrt 2015
8.00 f

Friday 13th
March 2015
8.00 pm

ONE TOUCH THEATRE
EDEN COURT, INVERNESS

TICKETS
£15 | £13



FEATURING PERFORMANCES FROM

KIRSTEEN MACDONALD
JAMES GRAHAM
IAIN MACKAY
LINDA MACLEOD

MUSIC from **THE MARLOCH BAND**
with **PIPER CALUM A. MACMILLAN**
MC ALLAN CAMPBELL

Tickets from **Eden Court** on
01463 234234
or visit www.edencourt.co.uk



SPONSORED BY





A' Charaid Chòir

Mod nan Eilean Siar 400 Club

Would you consider supporting the Western Isles Mod in the sum of a little over a pound a week by subscribing to a 400 Club, the 400 referring to the prize money awarded each month? This is how it works:

- ❖ Each participant pays £5 per entry per month by standing order to join, which entitles entry to each month's draw. One can have one or more entries - each entry costs £5 per month.
- ❖ A draw will be held at the end of each month and all eligible participants (i.e. all those who have paid) will be entered into the draw.
- ❖ Prizes each month will comprise of a first prize of £250, a second prize of £100 and a third prize of £50 (a total of £400).
- ❖ A list of monthly prize winners will be published at <http://www.acgmod.org/news> and the prizes will be credited to your bank account.

If you wish to take part, please fill in the Standing Order mandate overleaf, made out for £5, or a multiple thereof, and return the form to: An Iomhasair, Mòd nan Eilean Siar, at the address below. It is proposed that the draw continues indefinitely to help with fundraising for future Mods, so please leave the Payment date fields blank unless you wish to specify an End Date. It would be useful if you could invite others to participate as well – the Standing Order form may be photocopied.

Rules

Your Standing Order is payable in advance on the 1st of each month, starting with the month following receipt.

Failure to pay the Standing Order will automatically stop your numbers for that month's draw.

All draws will be done in a public establishment or live on Isles FM with at least 2 committee members and a member of the public; details of time and venue can be obtained from committee members.

In any matters of doubt, the committee's decision is final.

OSCR Charity Number: SC001282

MÒD NAN EILEAN SIAR 2016

Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais, HS1 2DD
Fòn: 01851 703487 Facs: 01851 706467

Leverhulme House, Perceval Square, Stornoway, Isle of Lewis HS1 2DD
Tel: 01851 703487 Fax: 01851 706467

To _____ Bank

Please set up the following Standing Order and debit my/our account accordingly

1. Account Details

Account Name _____ Account Number

Account Holding Branch _____ Sort Code

2. Payee Details

Name of Person or Organisation you are paying

Mòd nan Eilean Siar

400 Club Number (if known) - this will appear on the bank statement of the person or organisation you wish to pay

Sort Code – the bank code of the person or organisation that you are paying

83-27-12

Account Number – the account number of the person or organisation you wish to pay (eight digits – if less, place zeros at the front)

00651116

3. About the Payment

How often are the payments made

monthly

Amount Details

Date and amount of first Payment

1st

£

Date and amount of final Payment

£

4. Confirmation

email:

Signature

Date

Address / Post Code / Phone No:.....



An Comunn Gàidhealach



Care for a Cèilidh

Tha muinntir 'Care for a Cèilidh' air a bhith trang a-rithist thairis air a' mhìos a-chaidh seachad. Chaidh Mnathan Lacasdail a chèilidh air Taigh Cùram Bethesda ann an Steòrnabhagh. Sheinn Marie NicMhathain agus Murdigan Dòmhnallach òran no dhà dhaibh agus bha beagan ceòl ann cuideachd bho Krisell NicDhòmhnaill agus Graham MacIllinnein.

Bha oidhche air leth ann an Taigh Cùram Cùirt Chluaidh cuideachd. Bha òrain agus ceòl ann bho Alana NicAonghais agus Caitlin NicNèill bho 'Canach', Jamie Dòmhnallach bho Còmhlan Cèilidh Dun Mòr agus Sìne Mhoireasdan bho Còisir Ghàidhlig Ghlaschu.

Thèid an 50mh cèilidh a chumail air an ath mhìos – meal an naidheachd air a h-uile duine a th' air a bhith an sàs ann an 'Care for a Cèilidh'!

It's been another busy month for 'Care for a Cèilidh' with various singers, musicians and choirs visiting a number of care homes. Laxdale Ladies visited Bethesda Care Home & Hospice in Stornoway. They were joined by Accordionists Graham MacIennan and Krisell Macdonald and soloists Murdigan Macdonald and Marie Matheson. They had a lovely afternoon entertaining the residents.

A fantastic night was held in Clydebank with the talented Alana MacInnes and Caitlin McNeill from "Canach", Jamie Macdonald from the "Dun Mor Ceilidh Band" and Jayne Morrison from the Glasgow Gaelic Choir.

'Care for a Ceilidh' will host its 50th Cèilidh next month – congratulations to all involved!

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>





CÙRSA ÀRAINNEACHD GÀIDHLIG ANNS AN ÒGMHIOS AGUS SAN LÙNASTAL

Bidh an cùrsa àrainneachd Gàidhlig ‘Àrainneachd, Cànan is Dualchas’ a’ ruith ann an dà leth am-bliadhna – san Ògmhios agus san Lùnastal. Tha an cùrsa air a chumail ann an Stafainn, ann an ceann a tuath an Eilein Sgitheanaich, le Urras an Taobh Sear. ’S e an craoladair is neach-teagaisg Ruairidh MacIlleathain a tha ga stiùireadh, le taic bhon eòlaiche-fosailean Dùghall Ros, agus Sine Ghilleasbuig, a tha fìor eòlach air ainmean-àite an Eilein. Bidh oileanaich, a tha uile fileanta ann an Gàidhlig, a’ tighinn bho air feadh Alba.

Tha na h-òraidean air an cumail aig Columba 1400 ann an Stafainn, agus bithear a’ toirt nan oileanach a-mach gach latha gu diofar àrainnean, gus an ionnsaich iad mu na lusan is ainmhidhean tro mheadhan na Gàidhlig. ‘Tha an cùrsa feumail do mhaoir-dhùthcha, luchd-iùil nam beann, tidsearan, luchd-ealain, luchd-saidheans, oifigearan Gàidhlig, agus feadhainn a tha an sàs ann an turasachd,’ tha Ruairidh ag ràdh. ‘Bidh iad ag ionnsachadh tòrr mu dhualchas na Gàidhlig co-cheangailte ri nàdar, agus gheibh iad misneachd an t-eòlas ùr aca a chur gu feum le daoine eile. Chan eil cùrsa eile sam bith de a leithid seo ann an saoghal na Gàidhlig.’

Am-bliadhna, bithear a’ cumail a’ chiad còig latha dhen chùrsa bho Dhiluain 15 gu Dihaoine 19 Ògmhios, agus iad a’ toirt sùil air ‘Croit, Coille, Monadh is Boglach’. Air an dàrna seachdain, eadar Diluain 3 agus Dihaoine 7 Lùnastal, bithear ag ionnsachadh mu ‘Cladach, Croit & Coille’.

‘Bidh cothrom aig oileanaich tighinn airson aon seachdain a-mhàin no airson na dhà,’ tha Ruairidh ag ràdh. ‘Bidh rud beag anns a’ chumantas eadar an dà sheachdain – agus bheir sin cothrom do chuid an t-eòlas a fhuair iad sa chiad sheachdain a dhaingneachadh – ach bidh na h-òraidean eadar-dhealaichte agus bidh sinn a’ dol gu diofar àiteachan. Dhaibhsan aig a bheil ùidh sa chladach, bidh sinn a’ toirt sùil air sin a-mhàin san dàrna seachdain.’

Bidh oileanaich a’ faighinn an diathad agus àite-fuirich ann an dachannan far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Shìne Ghilleasbuig aig sineg@cnag.org (fòn 01470 562325) no air <https://acisd.wordpress.com/>.



bidh cumail a’ chùrsa a rèir soirbheas iarrtasan airson taic-airgid



GAELIC ENVIRONMENT COURSE TO RUN IN JUNE AND AUGUST

A unique education course that concentrates on the Gaelic heritage associated with nature and the environment will be held this year in two separate weeks in June and August. The ten-day course, 'Arainneachd, Cànan is Dualchas' (environment, language and heritage), which ran successfully over the last two years, is hosted in Staffin in the north of Skye by Urras an Taobh Sear, and is presented by journalist, broadcaster and educator Ruairidh (Roddy) Maclean, with input from local fossil expert Dugald Ross and Sìne Ghilleasbuig who has extensive knowledge of Skye place-names. Students, who are all fluent Gaelic-speakers, have attended from all over Scotland.

Lectures are held at Columba 1400 in Staffin, and regular excursions take students into a range of environments so that they learn to recognise plants, animals and habitats by their Gaelic names. 'The course is useful to rangers, mountain leaders, teachers, artists, scientists, Gaelic officers and people involved in tourism,' explains Ruairidh. 'They learn a lot about the fantastic Gaelic heritage associated with nature, and they develop the confidence to use this new knowledge with others. It's a unique course in the Gaelic world.'

This year the first five days of the course will be held from Monday 15 to Friday 19 June and will concentrate on 'Croit, Coille, Monadh is Boglach' (croft, woodland, hill country and bogland). The second week will be from Monday 3 to Friday 7 August and will look at 'Cladach, Croit & Coille' (seashore, croft and woodland).

'Students are invited to come for one week or for both,' says Ruairidh. 'There will be a small amount of overlap between the two – and some students will appreciate the opportunity to revise what they learned a few weeks earlier – but the lectures will cover different material and the excursions will be to different places. For those interested in the seashore, that will be a focus only of the second week.'

The course will include meals and accommodation with local Gaelic-speaking families. More information is available from Sìne Ghilleasbuig at sineg@cnag.org (phone 01470 562325) or on <https://acisd.wordpress.com/>.



The information above is dependent on a successful outcome to funding applications

An Comunn Gàidhealach

Togalach ùr SMO gu bhith air ainmeachadh air Sir Iain Nobail

Tha a' chiad togalach ann an Leasachadh na Cille Bige gu bhith air ainmeachadh air Sir Iain Nobail nach maireann, fear a bha gu mòr an sàs ann a bhith stèidheachadh na Colaiste o chionn còrr is 40 bliadhna. 'S e "Ionad Iain Nobail" a bhios air an togalach ùr a tha gu bhith na dhachaigh do luchd-obrach na colaiste, na ghoireas teagaisg agus rannsachaidh agus na ionad airson gnothachais.

Thubhairt am Morair Minginis, Cathraiche Bòrd Stiùiridh na Colaiste: "Tha e uile-gu-lèir iomchaidh gum biodh an togalach ùr a tha seo – a' chiad cheum ann an leasachadh na Cille Bige – air ainmeachadh air Iain Nobail. Mura b' e Iain cha bhiodh leithid de rud ri Sabhal Mòr Ostaig ann agus cha bhiodh dad dhen bhuannachd smuaineachail a tha air tighinn gu Ceann a Deas an Eilein Sgitheanaich an cois na Colaiste air tachairt. Ach tha e freagarrach ann an dòigh eile cuideachd. 'S ann mu dheidhinn ùrachadh, ath-bheothachadh agus adhartas a tha a' Chill Bheag: na dearbh rudan dhan do choisrig Iain a bheatha nuair a thàinig e a Shlèite. Mar sin, bidh an togalach na shuaicheantas air an duine."

B' ann air sgàth lèirsinn agus oidhirpean Shir Iain a chaidh Sabhal Mòr Ostaig a chur air bhonn ann an 1973, a tha a-nis na Cholaiste Ghàidhlig a tha a' tabhann ghrunn chùrsaichean aig ìre fo-cheum is for-cheum tro mheadhan a' chàinain. Choisinn Sir Iain cliù dha fhèin na bheatha mar bhancair, neach-gnothaich agus neach-gnìomhachais, ach air a' Ghàidhealtachd 's dòcha gur e as motha a bhios cuimhne aig daoine air, an obair a rinn e a thaobh na Gàidhlig.

Thuir banntrach Shir Iain, a' Bhaintighearna Lucilla Nobail: "Tha e a' toirt toileachas mòr dhomh gur e *Ionad Iain Nobail* a bhios air a' chiad togalach ann an Leasachadh na Cille Bige. Tha fios agam gum bi seo na adhbhar tlachd do charaidean Iain, an seo agus air feadh an t-saoghail. Bha aige ri aghaidh a chur ri iomadh dùbhlann ann a bhith stèidheachadh Sabhal Mòr Ostaig, agus bha e ag obair agus a' strì gus cànan, dualchas is foghlam na Gàidhlig a thoirt air adhart fad a bheatha. Mar sin, tha e gu math iomchaidh gum mair ainm Iain mar phàirt den Cholaiste fhèin cho fad 's a tha i ann. Guma fada a mhaireas Sabhal Mòr Ostaig!"

Thèid Ionad Iain Nobail fhosgladh gu h-oifigeil nas fhaide air a' bhliadhna, fhuaras taic-airgid le cosgaisean £6.2m airson Ìre 1 den leasachadh aig a' Chill Bhig bho Chomhairle Mhaoineachaidh na h-Alba, Riaghaltas na h-Alba, Mhaoin Leasachaidh Roinnean na h-Eòrpa (Convergence) aig an Aonadh Eòrpach, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Chomhairle na Gàidhealtachd agus Urras Leasachaidh Sabhal Mòr Ostaig, a tha a' gabhail a-steach Maoin na Gàidhealtachd a chleachd a bhith ann agus Urras na h-Aiseirigh.



Ionad Iain Nobail

SMO building to be named in memory of Sir Iain Noble

The first building in the new Kilbeg Development is to be named in memory of the late Sir Iain Noble, who was instrumental in the establishment and early development of the College. The new centre will be called "Ionad Iain Nobail", the Iain Noble Centre, which will house staff from the College and provide teaching and research facilities and business premises.

Lord Minginish, Chair of the College's Board of Directors, said: "It is altogether appropriate that this new building – the first phase of the Kilbeg Development – should be named after Iain Noble. Were it not for Iain there would be no such place as Sabhal Mòr Ostaig and the enormous benefits it has brought to the south end of Skye would never have happened. But it is also appropriate in another way. Kilbeg is about renewal, revival and progress: the very things to which Iain devoted his life when he came to Sleat. Thus the building will be iconic of the man."

It was through the vision and efforts of Sir Iain that Sabhal Mòr Ostaig was established in 1973. The college is now part of the University of the Highlands and Islands and offers courses in various subjects at undergraduate and postgraduate level all through the medium of Gaelic. Sir Iain was a successful merchant banker and businessman but is, perhaps, best remembered in the Highlands for his sustained and proactive support of Gaelic.

His widow, Lucilla, Lady Noble, said: "It gives me great joy to learn that the flagship building of A' Chill' Bheag is being named Ionad Iain Nobail. I know how much happiness this news will bring to all Iain's friends, both near and far. Given the challenges that he overcame in setting up Sabhal Mòr Ostaig, combined with his lifelong commitment and endeavour towards ensuring the future of the Gaelic language, culture and education, it will also be appreciated that Iain's name will continue in perpetuity at Sabhal Mòr Ostaig. Gu math fad a mhaireas Sabhal Mòr Ostaig!"

The new building will be officially opened later this year, and funding assistance towards the £6.2m cost of Phase 1 at Kilbeg has been provided by the Scottish Funding Council, the Scottish Government, the European Regional Development Fund (Convergence) of the European Union, Highlands and Islands Enterprise, The Highland Council and the Sabhal Mòr Ostaig Development Trust which incorporates the former Highland Fund and Urras na h-Aiseirigh.



Sir Iain Noble

An Comunn Gàidhealach



DIOPLÒMA ANNS NA MEADHANAN GÀIDHLIG

Chaidh an cùrsa seo a dhealbhadh airson luchd-trèanaidh ullachadh airson saoghal craolaidh an latha an-diugh. Tha oileanaich a' faighinn bogadh anns na sgilean bunaiteach a tha deatamach airson a bhith ag obair anns na meadhanan fhad 's a tha iad cuideachd a' leasachadh nan sgilean cànan aca. As dèidh bliadhna aig a' Cholaiste cuiridh oileanaich seachad bliadhna a' trèanadh anns a' ghnìomhachas.

“ Tha thu ceum air thoiseach air daoine eile nuair a ruigeas tu an t-àite obrach. ”

 **Airson foirm-iarrtais cuiribh fios gu:**
01471 888336 | cni.smo@uhi.ac.uk
WWW.SMO.UHI.AC.UK

 University of the
Highlands and Islands
Oilthigh na Gàidhealtachd
agus nan Eilean





Comunn Uibhist agus Bharraidh Ghlaschu
Glasgow Uist and Barra Association

ANNUAL INVITATIONAL PIPING COMPETITION - 2015

Come and see some of the World's best pipers!

Featuring



Chris Armstrong
Glenn Brown
Ally Henderson
Finlay Johnston
Roddy MacLeod
Peter McCalister
Douglas Murray
Craig Sutherland

Callum Beaumont
Bill Geddes
Faye Henderson
Angus MacColl
Willie McCallum
Gordon McCready
Iain Speirs
Gordon Walker

Saturday 7 March 2015
From 9.00am

The College of Piping, 16-24 Otago Street,
Glasgow, G12 8JH

Pìobaireachd; March, Strathspey and Reel;
Hornpipe and Jig

Adults £10; 16 and under £5

An Comunn Gàidhealach

Spòrs le Ealain is Dràma Gàidhlig

Ma bha sibh aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Inbhir Nis an uiridh, 's mathaid gu faca sibh Ariel Killick & buidheann Stàit Neo-Eisimeileach Sonais aig a' Chaismeachd agus tron t-seachdain an sàs ann an ealain is dràma spòrsail Gàidhlig.

Shoirbhich uabhasach math leis an iomairt ùr seo aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail 2014, agus dìreach dà latha às a dhèidh, thòisich Ariel ag obair air Pròiseact Dìleib Mhòd Phàislig airson a' chiad Chaismeachd Oidhche Shamhna ann an Rinn Friù.

Bha am pròiseact seo, anns an robh buidhnean òigridh, sgoile agus coimhearsnachd Phàislig a' gabhail pàirt, air leth soirbheachail cuideachd.

Tha Ariel ag obair còmhla ri diofar chom-pàirtichean an-dràsta, a' leasachadh an stoidhle ealain seo a tha gu math faicsinneach, so-ruigsinneach & spòrsail agus a bheir cothrom do choimhearsneachdan pàirt a ghabhail ann an tachartas tarraingeach poblach airson a' Ghàidhlig a thoirt air adhart.

Ma tha sibh airson barrachd fhaighinn a-mach no airson gum faigh òigridh is coimhearsnachd bh' ur sgìre cothrom pàirt a ghabhail ann, nach tèid sibh gu www.independentstateofhappiness.com far am faigh sibh fiosrachadh, dealbhan, bhidiothan, ais-mholadh agus eile.

Gheibh sibh air bruidhinn ri Ariel le fònadh thuice air 075 700 43 745 no air post-d gu arielkillickartist@gmail.com

(Air a sgrìobhadh le Ariel Killick)

Fun with Gaelic Arts and Drama

If you attended the Royal National Mòd in Inverness last year, you may have seen Ariel Killick & the Independent State of Happiness team's bilingual Gaelic street theatre & spectacle at the Opening Procession and throughout Mòd week.

This new venture at the 2014 Royal National Mòd was a great success, and just two days after, Ariel began work on a Paisley Mòd Legacy project for Renfrewshire's inaugural Halloween Parade.

This project, involving youth theatre, school & community groups was also extremely successful.

Ariel is currently working on developing this uniquely visible, enjoyable and accessible form of community participative Gaelic promotion & engagement with a number of sectoral partners.

If you would like further information or for your local youth & community to have an opportunity to take part, go to www.independentstateofhappiness.com where you'll also find information, images, videos, feedback and more.

Phone Ariel directly on 075 700 43 745 or express your interest via a quick email to arielkillickartist@gmail.com

(Submitted by Ariel Killick)





£20 airson

luchd-ionnsachaidh



**An do thòisich thu air Gàidhlig ionnsachadh agus thu os cionn 16 bliadhna?
Ma thòisich, tha feum againn ort!**

Tha sinn a' sìreadh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, bho ìre an luchd-tòiseachaidh gu ruige ìre adhartach, airson pàirt a ghabhail ann an rannsachadh cànan. Cleachdar toraidhean an rannsachaidh seo airson goireasan ùra a chruthachadh airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

Tha sinn airson agallamh a dhèanamh còmhla ruibh, a bhios a' gabhail a-steach còmhradh neò-fhoirmeil, eacarsaich cheist agus fhreagairt, agus eacarsaich ath-aithris sheantansan.

Bheir gach agallamh eadar uair agus uair gu leth, agus gheibh sibh £20 mar dhìoladh airson pàirt a ghabhail ann. Bidh na h-agallamhan air an cumail anns an sgìre far a bheil sibh fhèin; mar sin, chan fheum sibh siubhail airson seo a dhèanamh.

Ma tha ùidh agaibh anns a' phròiseact, neo ma tha ceist sam bith agaibh, faodaidh sibh sgrìobhadh thugam: nicola.carty@glasgow.ac.uk



£20 for Gaelic learners



Did you start learning Gaelic at age 16 or over? If so, we need you!

Adult learners of Gaelic from post-beginner up to fluent are invited to participate in a language study. The study will develop resources to help adults in their Gaelic learning.

The study will be based around an interview session, which includes informal conversation, a question and answer activity, and a sentence repetition activity.

The session will take 1 – 1.5 hours, and you'll receive £20 for your time. The interviews will take place somewhere close to where you're based, so there won't be any need for you to travel.

If this is something you'd be interested in getting involved with, or if you have any questions, please let me know! You can contact me by email:

nicola.carty@glasgow.ac.uk

An Comunn Gàidhealach

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705.
Post-d: info@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD
Telephone: 01851 703 487
Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Telephone: 01463 709 705.
Email: info@ancomunn.co.uk

Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703 487

www.ancomunn.co.uk

